



## Bunsgoil Ghàidhlig Ghleann Dail

### Litir-naidheachd

### Am Faoilleach 2019



#### Deitichean Cudromach

Diardoin 17mh Faoilleach:	Comhairle nam Pàrant, 6.30f
Didomhnaich 20mh Faoilleach:	Taisbeanach Celtic Connections, 8f
Diardoin 24mh Faoilleach:	Latha Cultar na h-Alba
Dihaoine 25mh Faoilleach:	Latha Cultar na h-Alba

#### Bliadhna Mhath Ùr!

Fàilte oirbh uile air ais! Tha sinn an dòchas gun robh deagh làithean-saora agaibh uile agus gu bheil sinn uile deiseil agus deònach airson na tha romhainn sa bhliadhn' ùr.

#### Togail Airgid

Mòran taing airson a bhith cho fialaidh air Latha nan Aodach Nollaig. Chruinnich sinn £152.12 gu lèir airson Cash for Kids.

#### Ainmean air Aodach

Bu mhath leam cuimhne a chuir oirbh a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil ainm do phàiste sgrìobhte air gach pìos aodach agus brògan oir tha an t-uamhas geansaidhean agus brògan boga gun ainmean air fhàgail anns an sgoil. Leis gu bheil còrr agus 400 sgoilear eadar an dà sgoil, tha e uamhasach doirbh obrachadh a-mach cò leis a tha gach geansaidh dearg!

#### Bus na Sgoile

Feumaidh sgoilearan a tha a' cleachdadh am bus a bhith a' cumail ris na riaghailtean a tha aig an sgoil agus a' Chomhairle. Feumaidh iad a bhith a' cumail an crìos-suidheachain orra fad na h-ùine agus chan fhaod iad a bhith ag èigheachd, a' cluich no a' dèanamh rud sam bith eile a bhios a' cur dragh air an draibhear no air sgoilearan eile. Ma tha an draibhear mi-thoilichte le modh air a' bhus bidh e ag innse na sgoile agus 's e poileasaidh a' Chomhairle gum faigh clann a tha a' briseadh na riaghailtean trì cothroman. Às dèidh sin bidh iad a' call an àite aca air a' bhus. Bhithinn fada nur comainn ma b'urrainn dhuibh a bhith a' bruidhinn ri ur pàiste mu dheidhinn seo. Bidh sinn gu math tric a' dol thairis air na riaghailtean aig a' chruinneachadh cuideachd.

#### Làithean Cultar na h-Alba

Mar a rinn sinn an-uiridh, bidh sinn a' cumail Làithean Cultar na h-Alba aig deireadh na mìos seo. Bidh na clasaichean a' faighinn an cothrom a bhith ag ionnsachadh mu òrain agus bàrdachd Albannach, dannsaichean Albannach, biadh, ealain, spòrs agus tòrr rudan eile uile ceangailte ri Alba. Air feasgar Dihaoine bidh an dà sgoil a' tighinn còmhla airson cèilidh mhòr far am bi sinn a' seinn agus a' dannsa còmhla.

#### Clubaichean

Tha sinn fortanach gu bheil diofar clubaichean a' ruith air an teirm seo airson sgoilearan aig diofar ìrean. Aig àm dinneir no às dèidh na sgoile tha ball-coise, Cheerleading, Geamannan, rugbaidh agus Netball. Cuideachd tha cuid de na clasaichean a' faighinn coidseadh tron latha ann am ball-coise agus dannsa bho Active Schools.

#### Aodach Spòrs

Tha sinn a' mothachadh gu bheil cuid sgoilearan a' tighinn dhan sgoil ann an aodach nach eil a' leantainn am poileasaidh a tha againn airson aodach spòrs. Tha sinn a' coimhead airson gum bi sgoilearan ann an lèine-t agus briogais-geirid. Uairean bidh clasaichean a' dèanamh spòrs a-miugh agus chan eil 'crop tops' no aodach mar sin freagarrach airson spòrs gu sònraichte ma tha iad ag obair a-miugh. Cuimhnichibh, a thaobh poileasaidh a' chomhairle, chan fhaod sgoilearan lèintean ball-coise a chuir orra aig àm spòrs agus bu chòir brògan spòrs a bhith aca airson àm spòrs cuideachd – mur a h-eil brogan freagarrach aca airson spòrs chan urrainn dhaibh pàirt a ghabhail a thaobh adhbharan sàbhailteas. Bhitheamaid fada nur comainn airson ur taic le seo.

#### Cosg Einnsean - Nuair a Stadas Thu, Cuir Dheth E

Taing mhòr dhan sgioba luchd saor-thoileach a bha ag obair cho cruaidh ann a bhith a' togail nam planntairean feadh feansa an raon-cluiche air Rathad Naoimh Anndra. Bidh an sgàilean beò seo mar shìoltachan eadar na sgoilearan agus na smùid a bhios a' tighinn às na caraichean air an rathad, oir tha rannsachadh air shealltainn an droch bhuaidh a bhios smùid trafig a' toirt air slàinte chloinne. Mar sin, tha sinn air mhothachadh gu bheil tòrr caraichean nan suidhe leis na h-einnseanan gan ruith nuair a bhios daoine a' toirt an cloinne dhan sgoil agus gan toirt dachaigh. Tha e follaiseach gum bi seo a' toirt droch-bhuaidh air càileachd an adhair mu thimcheall na sgoile. Bidh Comataidh Eco nan Sgoiltean a' samplachadh càileachd an adhair am-bliadhna, agus thèid na toraidhean fhoillseachadh dhan h-uile duine. Tha sinn ag iarraidh gu choibhneil gum bi sibh mothachail air slàinte agus sunnd ar cloinne agus teaghlaichean ann am bi a' leantainn na comhairle Nuair a Stadas Thu, Cuir Dheth E. Faodar Cosg Einnsean aithris do Chomhairle Baile Ghlaschu cuideachd agus faodar peanasan stèidhichte a thoirt a-mach. Ma mhiannas leibh seo aithris dhan Chomhairle, cuiribh fios gu 0141 287 1059 (put am butan airson taghadh 3).

#### Celtic Connections

Tha sinn glè fhortanach gu bheil Mairi Anna NicUalraig air a bhith ag obair còmhla ri 10 sgoilearan. Bidh iad a' seinn còmhla rithe aig Taisbeanach Celtic Connections air Didomhnaich 20<sup>mh</sup> Faoilleach aig 8f aig Taigh-Cluiche an Tron. Gheibhear làn-fhiosrachadh an seo: <https://www.celticconnections.com/events/Pages/event.aspx?event=1/mary-ann-kennedy-glaschu-and-the-canny-band>



# **Bunsgoil Ghàidhlig Ghleann Dail**

## **Newsletter**

### **January 2019**



#### **Important Dates**

Thursday 17 <sup>th</sup> January:	Parent Council Meeting, 6.30pm
Sunday 20 <sup>th</sup> January:	Celtic Connections Performance 8pm
Thursday 24 <sup>th</sup> January:	Scottish Culture Day
Friday 25 <sup>th</sup> January:	Scottish Culture Day

#### **Happy New Year!**

Welcome back! We hope that everybody had a good break and that everyone is ready and raring to go for the year ahead.

#### **Charity Collection**

Many thanks for your generosity on our Christmas Clothing Day. We raised £152.12 for Cash for Kids.

#### **Names on Clothing**

We would like to remind parents/carers to ensure that all items of clothing, including indoor shoes, are labelled with your child's name. There are a huge amount of unclaimed red jumpers and black plimsoll shoes in the school at the moment. It is extremely difficult to reunite children with lost property when there is no name on it especially as there are over 400 children on the campus.

#### **School Bus**

Children who use the school bus must abide by the rules set out by the council and the school. Children must remember to remain seated and to keep their seatbelt on at all times. Also they must be careful not to distract the driver or to annoy or upset other children on the bus. If the driver is unhappy with behaviour on the bus then this will be reported to the school. The council's policy is that children who misbehave on the bus or break the rules will only be given three chances otherwise they will lose their seat on the bus. We would appreciate it if parents/carers could support the school in reminding children of the correct behaviour on the school bus. We do revisit this issue frequently at Assemblies.

#### **Scottish Culture Days**

On Thursday 24<sup>th</sup> and Friday 25<sup>th</sup> January pupils from both schools will again be participating in our Scottish Culture Days. Over the two days pupils will participate in a range of activities with a Scottish theme, including dancing, art, cooking and singing. On the Friday afternoon both schools will come together for a whole campus ceilidh where they will dance and perform songs together.

#### **Clubs**

We have a variety of clubs running this term including: football, fun games, multisports, rugby and cheerleading (lunchtime). We also have some coaches, provided by Active Schools, in to deliver Dance and Football during curricular time.

#### **PE Kit**

It has come to our attention that not all pupils are bringing PE kits to school. Please remember that your child's PE kit should be shorts and a t-shirt which they should bring on their allocated PE days (these may change across the year and class teachers will notify you of this). Some pupils are bringing crop top type items to school for PE days, this is not appropriate clothing for PE. There will be occasions where PE takes place outdoors. Please also remember that, in line with council policy, children are not permitted to wear football colours for PE and they should also wear appropriate sports shoes. If they do not have appropriate footwear for PE then they may be unable to take part for safety reasons. We would appreciate your cooperation in ensuring that children come to school appropriately prepared for PE lessons.

#### **Engine Idling – When You Stop Turn It Off**

We are very grateful to the team of volunteers who worked so hard to build the planters to help create the living wall along the fence of the pitch on St. Andrew's Road. This living screen will act as a filter between our pupils and the traffic fumes from the vehicles on the road as research has shown the negative impact that traffic fumes can have on children's health. With that in mind we have noticed that at drop off and pick up times around the school many vehicles are sitting waiting with their engines still running. This obviously has a detrimental impact on the air quality around the school. The Eco Committee from the campus are planning to undertake air quality sampling this year and these results will be shared with everyone. We kindly ask that you consider the health and wellbeing of our children and families and follow the advice When You Stop Turn It Off. Engine idling is also reportable within Glasgow City Council and fixed penalty notices can be issued. If you want to report an engine idling offence, please contact 0141 287 1059 (press option 3).

#### **Celtic Connections**

We are very fortunate to have had Mary Ann Kennedy working with 10 of our pupils. They will perform with her at the Celtic Connections Festival on Sunday 20<sup>th</sup> January at 8pm at the Tron Theatre. Full details can be found here <https://www.celticconnections.com/events/Pages/event.aspx?event=1/mary-ann-kennedy-glaschu-and-the-canny-band>